

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## **Eilean Pabaigh (1)**

*Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,221. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 917 corresponds to Litir 1,221. The Litir is also available at [www.bbc.co.uk/litir](http://www.bbc.co.uk/litir) and [www.learn Gaelic.scot/litir](http://www.learn Gaelic.scot/litir). Ruairidh can be contacted at [fios@learn Gaelic.scot](mailto:fios@learn Gaelic.scot).*

Aig deireadh an t-samhraidh, sheòl mi timcheall dà eilean faisg air an Eilean Sgitheanach. Tha iad gu tuath air an Ath Leathann agus faisg air a chèile. Tha gu leòr anns a' chumantas eatarra a thaobh eachdraidh is uachdranas. Ge-tà, ann an cumadh is coltas, tha iad cho eadar-dhealaichte bho chèile 's a ghabhas. Tha an dàrna eilean beag, ìosal is còmhnard – agus meadhanach torrach. Tha am fear eile cuimseach mòr, le beinn is monadh, agus mòine gu leòr. 'S iad na h-eileanan sin Pabaigh agus Scalpaigh.

Nise, tha mi air na h-ainmean, mar gum biodh 'oifigeil', a chur orra. Ann am Beurla – Pabay agus Scalpay; ann an Gàidhlig – Pabaigh agus Scalpaigh. Ach chuala mi 'Paba' agus 'Scalpa' aig na seann iasgairean Rosach aig an robh Gàidhlig. Agus nuair a thèid sinn air ais gu mapaichean an t-seachdamh linn deug, 's e sin a th' orra.

Thuirt mi gu bheil an dà eilean eadar-dhealaichte bho chèile. Tha sin gu sònraichte fìor mu na h-ainmean-àite orra. Tha Scalpaigh làn ainmean Gàidhlig – **leithid** Rubh' a' Chonnaidh, Camas na Geadaig, Glac an Ime agus Beinn Loch a' Mhuilinn. Ach, ann am Pabaigh, chan eil ann ach dà ainm-àite Gàidhlig agus tha iadsan air a' chladach – creag air a bheil An Gobhlach agus sgeir faisg air làimh – an Sgeir Ghobhlach. Bha an sgeir sin na chunnart do mharaichean, agus tha pòla-rabhaidh oirre.

Ach air tìr anns an eilean fhèin, chan eil aon ainm-àite. Chan eil mi a' ciallachadh ainm-àite Gàidhlig, ach fear sam bith – Gàidhlig no Beurla. Shaoil mi gun robh sin car annasach. Tha an t-eilean còmhnard, ceart gu leòr, gun chnoc no glac a tha follaiseach bhon mhuir. Chan eil loch no uillt ann. Ach tha tràighean ann, agus creagan, agus mòine, agus baile-fearainn. Bha sluagh ann. Tha àiteachan ann far am bi na h-eòin-mhara a' neadachadh. Tha pàircean ann, agus dìgean. Carson nach robh ainm sam bith air gin de na feartan-tìre sin?

Chaidh mi gu Leabhar nan Ainmean aig an t-Suirbhidh Òrdanais. Chan eil ach trì ainmean aca ann am peann dubh. A' chiad fhear – 's e sin Pabay fhèin. Sgrìobh iad gur ann an Lochlannais a thàinig an t-ainm. Tha e a' ciallachadh 'Eilean an t-Sagairt'. Agus tha An Gobhlach 'forked place' agus Sgeir Ghobhlach 'forked rock' aca.

Ge-tà, ann am peann dearg, air an aon duilleig 's a bheil Pabaigh air ainmeachadh, tha trì uillt – Allt a' Ghleannain, Allt na Plaide agus Allt an Rèidhe

Mhòir. Airson tiotan bha mi a' smaoinichadh gur dòcha gun robh na h-uillt sin ann am Pabaigh ach gun deach iad à bith nuair a chaidh claisean-drèanaidh a chladhach. Ach cha robh. Tha na h-uillt pìos air falbh anns an Eilean Sgitheanach fhèin. Coltach ri Pabaigh bha iad air fearann a bha leis a' Mhorair Dòmhnallach ann an Caisteal Armadail.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** cuimseach mòr: *moderately large*; mòine: *peat, peatland*; Rosach: *belonging to Ross-shire*; Rubh' a' Chonnaidh: *the point of the fuel*; Camas na Geadaig: *the bay of the small tillage plot*; Glac an Ime: *the hollow of the butter*; Beinn Loch a' Mhuilinn: *the mountain of the mill loch*; beagan chraobhan: *a few trees*; baile-fearainn: *farming settlement*; Eilean an t-Sagairt: *the isle of the priest*; claisean-drèanaidh: *drainage channels*.

**Abairtean na Litreach:** sheòl mi timcheall dà eilean faisg air an Eilean Sgitheanach: *I sailed around two islands near Skye*; gu tuath air an Ath Leathann: *north of Broadford*; tha gu leòr anns a' chumantas eatarra a thaobh eachdraidh is uachdranas: *there is a lot in common between them with regard to history and landlordship*; ìosal is còmhnard agus meadhanach torrach: *low and flat and moderately fertile*; nuair a thèid sinn air ais gu mapaichean an t-seachdamh linn deug, 's e sin a th' orra: *when we go back to seventeenth-century maps, that's what's on them*; creag air a bheil An Gobhlach agus sgeir faisg air làimh – an Sgeir Ghobhlach: *a rock called 'the forked one' and a skerry nearby – 'the forked skerry'*; bha an sgeir na cunnart do mharaichean: *the skerry was a danger to mariners*; tha pòla-rabhaidh oirre: *there is a warning pole on it*; chan eil mi a' ciallachadh ainm-àite Gàidhlig, ach fear sam bith: *I don't mean a Gaelic place-name but any place-name*; shaoil mi gun robh sin car annasach: *I thought that was a bit strange*; gun chnoc no glac a tha follaiseach bhon mhuir: *without a hill or a hollow that is obvious from the sea*; chan eil loch no uillt ann: *there is no loch or burns*; far am bi na h-eòin-mhara a' neadachadh: *where the sea-birds nest*; carson nach robh ainm sam bith air gin de na feartan-tìre sin?: *why was there no name on any of those geographical features?*; Leabhar nan Ainmean aig an t-Suirbhuidh Òrdanais: *Name Book of the Ordnance Survey*; airson tiotan bha mi a' smaoinichadh gur dòcha gun robh na h-uillt sin ann am Pabaigh: *for a moment I was thinking those burns were on Pabay*; fearann a bha leis a' Mhorair Dòmhnallach ann an Caisteal Armadail: *land that was owned by Lord MacDonald in Armadale Castle*.

**Puing-chànain na Litreach:** tha iad cho eadar-dhealaichte bho chèile 's a ghabhas: *they are as different from each other as possible. This is a really useful idiom and one you should try to use. It is an idiomatic alternative to 's as urrainn*. Bidh mi ann cho luath 's a ghabhas *'I'll be there as soon as possible'*. Dèan uisge an amair cho teth 's a ghabhas *'make the bath water as hot as possible'*.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** leithid Rubh' a' Chonnaidh: *such as Rubh' a' Chonnaidh*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinichadh le MG ALBA